

Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023-28

Còmhraidhean le luchd-ùidhe

This paper brings together summaries from a range of conversations held by Bòrd na Gàidhlig and a range of key stakeholders over the last year or so.

Some of the summaries are presented in Gaelic and some are in English, based on the language in which these were created.

These conversations have been important to date as we begin to identify priorities for the National Gaelic Plan 2023-28.

Tha am pàipear seo a' toirt gèarr-iomraidhean bho dhiofar còmhraidhean a chum Bòrd na Gàidhlig agus luchd-ùidhe eile thairis air a' bhliadhna a dh' fhalbh.

Tha cuid de na gèarr-iomraidhean sa Ghàidhlig agus cuid eile sa Bheurla, a-rèir a chanain a chaidh iad a chruthachadh.

Tha na còmhraidhean seo air a bhith gu math bunaiteach le bhith a chomharrachadh nan prìomhachasan airson a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig 2023-28.

Ceisteachan Bhòrd na Gàidhlig

Fosgailte air loidhne eadar 27 Samhain 2020 agus 25 Faoilleach 2021

Prìomh theachdaireachdan

- Taic gu math làidir gus Cleachdadh na Gàidhlig a chumail mar phrìomh amas
- Fòcas nas làidire a chur air cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan traidiseanta
- Cudromach gu bheil foghlam agus cothroman ionnsachaidh ri fhaighinn air feadh Alba agus aig diofar aoisean
- Gàidhlig airson Alba air fad
- Tha gach neach aig a bheil Gàidhlig cudromach

Structar

- Taic gus an structar airson cleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig a chumail.
- Molaidhean cuideachd airson fòcas nas làidire a chur air na leanas:
 - Foghlam inbheach, gu sònraichte cothroman cleachdaidh le fileantaich
 - Taic a chumail ri sgoilearan às dèidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
 - Neartachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan traidiseanta
 - Ceanglaichean / lionraidhean a thogail taobh a-staigh agus eadar coimhearsnachdan
 - A' cur na Gàidhlig air adhart a) am measg na mòr-chuid gun Ghàidhlig agus b) anns na coimhearsnachdan traidiseanta
 - Sòiseo-eaconamas – teachd a-steach is ire eaconamach luchd labhairt na Gàidhlig a thogail, taigheadas sna coimhearsnachdan traidiseanta agus cleachdadh na Gàidhlig a-measg gnìomhachasan ag àrdachadh.
 - Planadh corpais – Gàidhlig nàdarrach a thoirt air adhart, litreachadh a chur am feabhas agus tuilleadh taic bho theicnigich.

Coimhearsnachdan

- Bha taic bhon mhòr-chuid gun robh na trì choimhearsnachdan diofraichte air an comharrachadh an-dràsta (Eileanach is Dùthchail, Bailtean is Bailtean-mòra agus coimhearsnachdan ceangailte tro theicneòlais) fhathast iomchaidh
- Molaidhean cuideachd airson na leanas:-
 - Bu chòir poileasaidhean fa leth agus na bu treasa a bhith sa phlana airson gach seòrsa choimhearsnachd ach gun cho-fharpais eatarra airson goireasan.

- Gun a bhith a’ dèanamh sgaradh sam bith mar seo, le fòcas air na dùbhlain agus na feumannan sònraichte aig gach coimhearsnachd.
- Faireachdainn nach robh “Eileanach is Dùthchail” agus “Bailtean is Bàiltean-mòra” mionaideachd gu leòr – le barrachd cuimseachadh a dhìth air na coimhearsnachdan as treasa a thaobh na Gàidhlig
- Iomradh air seirbhisean a tha ag amas air a’ choimhearsnachd nàiseanta m.e. taighean-tasgaidh agus gailearaidhean.
- Gàidhealtachd(an) oifigeil a stèidheachadh a’ gabhail a-steach Glaschu, Dùn Èideann is Inbhir Nis
- Barrachd cuideam a chur air an fhacal lìonradh seach coimhearsnachd

Prìomhachasan - Ìre phearsanta

- Foghlam sgoile a leudachadh aig gach ìre
- Barrachd fòcas air coimhearsnachdan traidiseanta
- Foghlam inbheach a leudachadh
- Cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart
- Adhartachadh na Gàidhlig aig ìre ionadail is nàiseanta
- Deamocrasaidh - barrachd conaltraidh nas trice le luchd-labhairt na Gàidhlig sa choimhearsnachd
- Gàidhlig aig teas mheadhan iomairtean sòiseo-eaconamas
- Planadh cànan na bu treasa am measg bhuidhnean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach
- Planaichean nas lèirsinniche airson nam bailtean mòra
- Gàidhlig san dachaigh a leudachadh
- Tha craoladh na Gàidhlig cudromach
- Faicsinneachd na Gàidhlig a leudachadh
- Tuilleadh àitichean air- loidhne airson Gàidhlig a chleachdadh
- Gàidhlig mar phàirt de dh’ioma-chultarachd
- Gum bi na Gàidheal an sàs le iomairtean a chùim leas nan coimhearsnachdan is a’ chànain aca

Prìomhachasan - Ìre choimhearsnachd

- Taic airson àitichean coinneachaidh is còmhraidh – ionadan mar a’ Chultúrlann ann am Béal Feirste
- Foghlam sgoile a leudachadh aig gach ìre

- Sanasachd nas fhèarr de ghoireasan agus cothroman a th' ann mu thràth
- Foghlam inbheach a leudachadh
- Faicsinneachd na Gàidhlig a leudachadh
- Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus air àbhaisteachadh – ann an suidheachan foirmeil agus neo-foirmeil
- Lìonraidhean eadar luchd labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh a thogail
- Tachartasan ionadail tro mheadhan na Gàidhlig
- Seirbheisean tearpaidh cainnte
- Trèanadh do luchd obrach tràth bhliadhnaichean
- Lìonraidhean Gàidhlig a neartachadh agus fosgailte fo luchd-ionnsachaidh
- Suidheachan a chruthachadh gus tar-chur eadar-ghinealach a dhèanamh nas fhasa
- Fèis anns gach eilean le oifigearan ionadail
- Oifisean Bòrd na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar
- Gàidhlig aig teas mheadhan iomairtean sòiseo-eaconamas – leasachadh eaconamaidh is taigheadais
- Urrasan Gàidhlig a stèidheachadh
- In-ghabhaltas ann an saoghal na Gàidhlig do luchd-labhairt ùra

Prìomhachasan - Ìre Nàiseanta

- Foghlam inbheach a leudachadh
- Fios mun Ghàidhlig aig ìrean nas ionadaile agus gu nàiseanta
- Foghlam sgoile a leudachadh aig gach ìre
- Faicsinneachd na Gàidhlig a leudachadh
- Cluinntineachd na Gàidhlig a leudachadh
- Inbhe shònraichte do luchd-labhairt na Gàidhlig bho thùs
- Dìon a thoirt dhan Ghàidhlig agus do luchd-labhairt na Gàidhlig bho ghràin anns na mheadhanan agus air-loidhne
- Gàidhlig a chur an lùib gnothachais nas trice
- Barrachd maoineachaidh
- Tuilleadh oifigearan ionadail
- Sgrùdadh air soirbheas (no eile) aig pròiseactan is poileasaidhean

Prìomhachasan - Ìre Eadar-Nàiseanta

- Co-obrachadh le iomairtean ann an dùthchannan sònraichte – Alba Nuadh, Èirinn, Manainn, A’ Chuimrigh, Dùthaich nam Basgach, Canada gu lèir, Carolina a Tuath.
- Ionnsachadh bho mhion-chànanan is bho phlanadh cànan eile
- Cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a’ neartachadh gu h-eadar-nàiseanta
- Fios mun Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal a sgaoileadh barrachd thall thairis
- Craoladh BBC Alba gu h-eadar-nàiseanta
- Turasachd na Gàidhlig a’ cur ris an eaconamaidh – ann an Alba agus Alba Nuadh
- Àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an ìomhaigh na h-Alba
- Gàidhlig a chleachdadh aig fèilltean mòra
- Adhartachadh na Gàidhlig tro UNESCO
- Feum a chur air daoine de shliochd Albannach agus caraidean eile thall thairis.

Rudan eile

- Targaidean nas soilleire agus nas cruaidhe anns a’ Phlana Nàiseanta
- Barrachd taic do sgoilearan taobh a-staigh agus taobh a-muigh na h-àrd-sgoile
- Sanasachd nas fhèarr airson sgoiltean Gàidhlig
- Piseach air fuaimearrachd (acoustics) ann an clasaichean teagaisg
- Gàidhlig mar L2 riatanach ann an Innse Gall
- Planadh fad ùine airson barrachd sgoiltean Gàidhlig air a’ Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan
- Planadh nas fhèarr airson leantailachd bho thràth-bhliadhnaichean, gu bun-sgoil, gu àrd-sgoil agus air adhart
- Ceannas a dhìth bho Bhòrd na Gàidhlig airson taic a chumail ri feumalachdan luchd-labhairt na Gàidhlig bho thùs agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh
- Nas soilleire cò na buidhnean a tha an urra ri diofar gnìomhan sa Phlana Nàiseanta

Buidhnean fòcais #cleachdi le òigridh

Chaidh trì buidhnean fòcais fa leth a chumail air-loidhne eadar an Dùbhlachd 2020 agus An Gearran 2021 agus bha còrr is 30 clann is daoine òga an-sàs annta.

Chaidh an libhrigeadh le oifigearan o Chomunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, eSgoil, YoungScot agus Urras Ghabhsainn. Fhuair iad taic rianachd agus teicnigeach o Bhòrd na Gàidhlig.

Bha na clàran-gnothaich air an stiùireadh sa chiad dol a-mach le toraidhean o na suirbhidhean òigridh a bha air an cumail san Dàmhair 2020

Co-dhùnaidhean

- Bidh a' chlann is daoine òga a' cur luach mòr ann an Gàidhlig agus tha iad toilichte is misneachail a bhith ga cleachdadh.
- Tha iad mothachail ge-tà gu bheil cleachdaidhean, gnàthsan agus saiceolas uile a' cur bacadh orra o bhith ga cleachdadh le co-aioisean agus inbhich as aithne dhaibh, ged a tha iad glè thoilichte bruidhinn ri daoine ùra ma bhios iad a' tachairt riutha tron Ghàidhlig an toiseach.
- Tha iad ag aithneachadh gu bheil uallach is dleastanas orra airson an cànan a chleachdadh nas trice is a bhrosnachadh ach tha iad a' sireadh taic agus cothroman bho inbhich.
- Tha iad a' coimhead airson tachartasan a bhios a' toirt Gàidhlig beò taobh a-muigh na sgoile nas trice agus nas cunbhalach.
- Tha iad a' cur luach mòr air cothroman conaltradh le daoine nas sine, agus tha iad gu mòr airson gum bruidhinn daoine nas sine riutha sa Ghàidhlig.
- Tha iad airson fada a bharrachd chothroman fhaighinn airson coinneachadh ri daoine òga eile le Gàidhlig bho air feadh na h-Alba.

Co-chomhairle Maoineachaidh

Chaidh a' Cho-chomhairle seo a ruith le Bòrd na Gàidhlig eadar 14 Dàmhair agus 30 Samhain 2020, is bha seo fosgailte air-loidhne do theachdaireachdan bho luchd-ùidhe sam bith.

San fharsaingeachd bha na teachdaireachdan a' cur an cèill gu bheil atharrachadh a dhìth air mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh a' bhuidseit leasachaidh is sgeamaichean maoineachaidh gus am feum as fheàrr a dhèanamh den airgead, le cuid de na molaidhean aig ìre mionaideach no beag, is cuid aig ìre ro-innleachdail no mòr.

Prìomh theachdaireachdan

- Gu bheil taic a bharrachd do choimhearsnachdan ionadail is teaghlaichean a dhìth
- Gum bu chòir barrachd guth a bhith aig na coimhearsnachdan ann an co-dhùnaidhean maoineachaidh
- Gum bu chòir taic fhad-ùine a bhith nas ruigsinniche do phròiseactan/iomairtean
- Gum bu chòir barrachd co-obrachaidh a bhith ann, gu sònraichte am measg nam buidhnean com-pàirteach libhrigidh, agus taic ann do bhuidhnean gus sin a choileanadh
- Gum bu chòir am pròiseas gus iarrtas a dhèanamh do Bhòrd na Gàidhlig a bhith nas fhasa is nas soilleire
- Gum bu chòir tuilleadh fiosrachaidh a bhith air a roinn air na pròiseactan a tha am Bòrd a' maoineachadh (gus an urrainn do dhaoine pàirt a ghabhail annta)

Còmhraidhean mu chor na Gàidhlig

Aig deireadh an fhoghair 2020, chùm buidheann thar-phàrtaidh de Bhuill Phàrlamaid na h-Alba, air am brosnachadh le Alasdair Allan BPA, còmhraidhean coimhearsnachd mu chor na Gàidhlig ann an eileanan taobh siar na h-Alba.

Molaidhean

- Urras na Gàidhlig – While views were not universally shared at the meetings about the concept of a new minority language trust, this idea should be explored further in terms of structure, membership, and resource.
- Development officers - A network of development staff should be employed in communities to progress language initiatives from a community development perspective.
- Gaelic strategy for island communities - There is a need for an agreed approach and vision to reversing language shift in the vernacular communities.
- Sustainable Gaelic communities – Along with a Gaelic strategy for island communities, there need to be extensive actions taken which target underlying challenges destabilising island and rural communities.
- More Gaelic-medium events - The language requires immersive spaces and domains which are purposefully designated. There is a need for regular Gaelic-medium events in rural communities with sustained funding and resources for delivery, including organisational staff.
- Family and in-home support - Household language transmission is vital for Gaelic’s future as a community language. Families need additional support to bring Gaelic back into the home and there must be a realisation that minority language transmission within English-dominant communities requires special consideration.
- Gaelic education – Where possible, the relevance and orientation of Gaelic education should be more community-focussed, especially within vernacular communities. More projects should link local community members with school pupils.
- Marketing campaign – An islands-led PR campaign might be organised to raise awareness about the importance of the language to the Hebrides. The purpose of a campaign would be to raise community confidence levels and encourage Gaelic usage among fluent and lapsed speakers.
- Increase in community engagement as a continual process. Many individuals appealed that the ‘community’s voice’ should be further integrated within decision-making to allow for greater agency within the community’s own development

Fèisean nan Gàidheal

Fhuair na Fèisean air fad anns na h-Eileanan an Iar, Tiriodh agus taobh tuath an Eilein Sgitheanaich cuireadh pàirt a ghabhail ann an coinneamh mun leabhar *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community*.

Chaidh a' choinneamh air adhart air 30mh Iuchar 2020 le riochdairean bho chuid de na Fèisean ann an Leòdhas, Na Hearadh, Barraigh, Tiriodh agus Tròndairnis.

Prìomh phuingean

- Ged a bha an fheadhainn a bha an làthair uile ag aithneachadh gu bheil crìonadh ann an cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan aca, bha iad cuideachd mothachail nach e an cànan a-mhàin a th' air crìonadh, ach na coimhearsnachdan fhèin agus na th' ann de dhaoine a' fuireach annta. Chan eil daoine le Gàidhlig cho pailt annta sna làithean-sa.
- Bha a h-uile duine a' cur luach air foghlam tron Ghàidhlig ach air iomadh cothrom eile a tha an òigridh a' faighinn cuideachd. Chuireadh iad fàilte air barrachd chothroman don òigridh an cuid Gàidhlig a chur gu feum.
- Bha beachd ann gun robh barrachd misneachd aig oileanaich a chaidh tro fhoghlam Gàidhlig anns na bailtean, na th' aig an fheadhainn a thàinig às na h-Eileanan. Bha faireachdainn ann gun dèanadh leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil feum a thaobh misneachd sa chànan.
- Bha beachd ann gun d' fhuair òigridh barrachd brosnachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh bho thachartasan taobh a-muigh na sgoile - Fèisean agus 5 Latha nam measg.
- Cha robh duine a bha an làthair a' faicinn cus feum buidheann ùr a chruthachadh, a leithid Urras na Gàidhlig a chaidh a mholadh san leabhar.
- Bha iad a' moladh faiceall a thaobh ceangal ri buidhnean stèidhichte a lagachadh no a ghearradh agus b' fheàrr leotha gum biodh an dàimh leotha air a leasachadh agus a neartachadh.
- Bha iad mothachail air an uallach a th' air daoine a tha mar tha an sàs ann an obair na Gàidhlig gu saor-thoileach agus draghail mu dheidhinn ùine a bharrachd a thoirt do bhuidheann ùr.
- Bha iad cuideachd mothachail air a' bhuaireadh a dh'fhaodadh èirigh mu dheidhinn càite am bitheadh buidheann ùr stèidhichte, cò bhiodh ga riaghladh agus ciamar.
- B' fheàrr leis na daoine a bha an làthair barrachd co-obrachaidh fhaicinn am measg bhuidhnean a tha stèidhichte mar-thà agus na ceanglaichean eadar na buidhnean oifigeil agus an taic a tha coimhearsnachdan Gàidhlig a' faighinn bhupa a neartachadh.
- Bha riochdairean nan Eilean Siar den bharail gum bu chòir do Chomhairle nan Eilean Siar barrachd a dhèanamh gus coimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh.

Chaidh puingean air adhart cuideachd a thaobh neartachadh na Gàidhlig sna Fèisean:

- Barrachd oidean le Gàidhlig fhastadh agus am misneachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.

- Trèanadh Gàidhlig a chur air dòigh airson oidean a bhrosnachadh agus am misneachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig fhad 's a tha iad a' teagasg
- Barrachd chothroman (air-loidhne a' chiad ghreis) a chruthachadh gus obair a bhrosnachadh eadar Fèisean far am faigh òigridh tuilleadh chothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh còmhla
- Barrachd ionnsachaidh bho luchd-teagaisg nas sine aig a bheil eòlas farsaing air dualchas na Gàidhlig
- Barrachd thachartasan a chur air dòigh a dh'aona-ghnothach airson clann le Gàidhlig air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig
- Barrachd thachartasan eadar-ghinealach a chur air dòigh le òigridh sna Fèisean a' faighinn chothroman a bhruidhinn ri daoine sna coimhearsnachdan aca aig a bheil deagh Ghàidhlig.
- Bu chòir don cheangal eadar cànan agus cultar a neartachadh ann am foghlam foirmeil agus nach robh còir aig seo fhàgail a-mhàin aig buidhnean coimhearsnachd a leithid Fèisean.

Comann nam Pàrant

From August 21st to September 7th, 2020, Comann nam Pàrant ran a survey for parents of Gaelic medium children with 517 responses received representing each local authority area that provides Gaelic medium education (GME), with the exception of North and East Ayrshire.

The Comann nam Pàrant national committee discussed the findings from the survey. Their main recommendations on actions which could improve support for families with any future home schooling and create a more equitable national model are listed below.

- National Guidance on delivery of GME during any blended learning / future lockdown, which would include the importance of 'live teaching' for immersion in GME
- More sharing of best practice between local authorities / schools for home schooling and recovery in GME
- Better use of technology and more support for parents to use different platforms
- An audit of resources available in Gaelic, including how accessible they are for parents
- Flexible online learning opportunities for parents, particularly based around Gaelic in the home and school related language

N.B. Following the return to school Comann nan Parant have been focussed on additional support for immersion in the recovery phase and activities in support of language development.

Leas-phrìomh-mhinistear

In 2018, DFM, Mr Swinney established a series of meetings with public authorities under the heading of a Faster Rate of Progress. The aim of this was to encourage joint working, focus on specific work-streams and make progress with the promotion of and support for Gaelic. In 2020 Mr Swinney followed this up with two gatherings of community organisations from island areas. The aim was to hear from these organisations what steps they were taking to support Gaelic in their area and what further developments they would like to see. A summary of the views from these meetings are below. Following the 2020 meetings Mr Swinney also chaired two further gatherings which combined leadership from both national bodies and also from community organisations.

Còmhraidhean choimhearsnachd 1 - Dàmhair 2020

- Plea for Community resources to enable speakers of the language to come together.
- Engagement with vernacular communities to understand their individual requirements – it is not a one shoe fits all scenario.
- Gaelic needs to be at the heart of everything.
- Housing, land and other issues – Gaelic as a societal language.

Còmhraidhean choimhearsnachd 2 - Dàmhair 2020

- Need for practical support for the vernacular communities.
- Lots of positive activities however there is a weakness in the vernacular communities.
- Scottish Government is committed to supporting the language and working with other bodies.
- There is localised use of language but how do sustain and maintain the wider environment.
- Need to encourage participation and strengthen opportunities.

Buidhnean nàiseanta agus coimhearsnachd - Dùbhlachd 2021

- Decline of Gaelic speakers in traditional areas was of concern and many attendees wanted to focus on potential solutions
- Creating job opportunities and supporting housing in island communities was also seen as essential to those who wished to live and work in the islands and to return.
- Gaelic communities are quite able to support themselves but that they needed to be given the right support.
- Users of the language often lacked confidence in their abilities which impacts participation.
- There is a need to provide further opportunities for young people to use their language out with the school environment.
- The intergenerational use of Gaelic was highlighted as an issue

- It was broadly felt that Gaelic education was a success story however more could be done to inform and support parents
- It was also felt that more could be done to support the continuation of Gaelic learning at secondary.
- It was clear that many would welcome the creation of spaces that Gaelic could be used without fear of anti-Gaelic sentiments being aired publicly.
- Many welcomed SG and Bord financial support but wanted to see longevity in funding
- There was a wish to see further progress with GM 0-3, GME at all levels, adult and parental learning, improved community use, digital technology, improved collaboration and recognition of the importance of economic and infrastructural initiatives.
- There was a clear message that good progress had been made, the language was fragile, nobody was in denial but there was a need to build on the structures that are in place.